

# Do Chòraichean nuair a tha thu ann an Stèisean a' Phoilis



Tha e doirbh do thòrr dhaoine a bhith a' tuigsinn na tha a' tachairt ann an stèisean a' phoilis.








Ma tha na poilis airson ceistean fhaighneachd dhìot, bu chòir dhut innse dhaibh ma tha feum agad air taic agus mur eil thu a' tuigsinn.



Bidh fios aig a' phoileas gum feum daoine le feumalachdan taic a thaobh conaltradh barrachd ùine gus ceistean a leughadh agus a fhreagairt

## Clàr-innse

	<p>A bhith air do chur an greim agus a' dol gu stèisean a' phoilis</p>	<p>Taobh-duilleig 4</p>
	<p>A' freagairt cheistean bhon phoileas</p>	<p>Taobh-duilleig 5 - 6</p>
	<p>Ag iarraidh Inbheach Iomchaidh</p>	<p>Taobh-duilleig 7</p>
	<p>Ag innse do neach-lagha gu bheil thu ann an stèisean a' phoilis</p>	<p>Taobh-duilleig 8</p>
	<p>Ag innse do chuideigin eile gu bheil thu ann an stèisean a' phoilis</p>	<p>Taobh-duilleig 9</p>

	<p>Ma tha thu 16 no nas òige na 16 no ma tha thu 16 no 17 bliadhna a dh'aois fo òrdugh stiùiridh riatanach</p>	<p>Taobh-duilleig 8-9</p>
	<p>Dè thachras ma thèid casaid a chur ort no ma thèid do thoirt do stèisean a' phoilis mar thoradh air barantas?</p>	<p>Taobh-duilleig 12 - 13</p>
	<p>Dè cho fad 's urrainn dhut a bhith air do chumail ann an stèisean a' phoilis?</p>	<p>Taobh-duilleig 14</p>
	<p>A' faicinn dotair no nurs</p>	<p>Taobh-duilleig 15</p>
	<p>A' dèanamh gearan</p>	<p>Taobh-duilleig 16</p>



## A bhith air do chur an greim agus a' dol gu stèisean a' phoilis

Innsidh na poilis dhut carson a chaidh do chur an greim.



Faighnichidh am poileas dhìot a bheil thu a' tuigsinn.

Mura h-eil thu a' tuigsinn aig àm sam bith bu chòir dhut a ràdh “chan eil mi a' tuigsinn”.

Na can “tha” ach a-mhàin ma tha thu a' tuigsinn.

## A' freagairt cheistean bhon phoileas



Tha a' chòir agad gun dad a ràdh.



**Chan fheum** thu ceist sam bith a chuireas am poileas ort a fhreagairt. **ACH** feumaidh tu na rudan seo innse dhaibh—

d' ainm



Far a bheil thu a' fuireach



do latha breith



**far an do rugadh tu agus do nàiseantachd**

**Mura h-eil fhios agad mu chuid den fhiosrachadh seo, feumaidh tu innse dhan phoileas.**

**Cha bhi thu ann an trioblaid leis na Poilis mura freagair thu ceist sam bith eile.**



Innsidh na poilis dhut gun sgrìobh iad sìos a h-uile rud a chanas tu.

Ma cho-dhùineas tu ceistean a fhreagairt, dh'fhaodte gun tèid rud sam bith a chanas tu a chleachdadh mar fhianais ma thèid a' chùis-lagha agad gu cùirt.



## Ag iarraidh Inbheach lomchaidh



Ma tha feum agad air taic, iarr air na poilis **“fios a chur gu Inbheach lomchaidh”** .

'S e a th' ann an Inbheach lomchaidh ach cuideigin a chuidicheas tu gus na tha na poilis ag ràdh a thuigsinn. Tha seo an-asgaidh.



A' tuigsinn do chòraichean

Cuidichidh an t-Inbheach lomchaidh thu gus do chòraichean agus na tha a' tachairt a thuigsinn.

Mìnichidh iad na ceistean a chuireas na poilis orra mura tuig thu iad.

Faodaidh iad cuideachd mìneachadh na tha na poilis a' dèanamh a bharrachd air na rudan a tha iad ag ràdh.



Chan urrainn dhan Inbheach lomchaidh comhairle a thoirt dhut.

Cuiridh na poilis fios gu Inbheach lomchaidh ma tha iad a' smaoinichadh gu bheil feum agad air Inbheach lomchaidh fiù 's ged nach iarr thu sin.

**Tha e cudromach a ràdh mura h-eil thu a' tuigsinn.**

## Ag innse do neach-lagha gu bheil thu ann an stèisean a' phoilis



Tha a' chòir agad bruidhinn ri **neach-lagha** gu prìobhaideach aig àm sam bith fiù 's mus tèid do cheasnachadh. Tha seo an-asgaidh.

**'S e neach-lagha cuideigin a dhionas do chòraichean agus a chuidicheas gus do dhion.**

Chan urrainn dhan Inbheach lomchaidh a bhith còmhla riut nuair a bhruidhneas tu ris an neach-lagha agad.

Ma tha thu airson bruidhinn ri neach-lagha, bu chòir dhut a ràdh "tha" nuair a dh'fhaighnicheas na poilis a bheil thu ag iarraidh neach-lagha.



Ma tha neach-lagha agad bu chòir dhut an ainm innse do na poilis. Feuchaidh na poilis fòn a chur thuca. Tha seo an-asgaidh.

Mura h-eil neach-lagha agad feumaidh tu innse do na poilis agus cuiridh iad fòn gu neach-lagha dhut.

Feuchaidh am poileas ri fios a chur chun an neach-lagha agad cho luath 's a ghabhas. Tha seo an-asgaidh.

Faodaidh an neach-lagha a bhith san t-seòmair còmhla riut ma bhios na poilis a' dèanamh agallamh còmhla riut. Tha seo an-asgaidh.

Dh'fhaodte gum bruidhinn thu ris an neach-lagha agad air a' fòn no dh'fhaodte gun tig iad gu stèisean a' phoilis gus d' fhaicinn. Tha e an urra riutha.

Thèid faighneachd ort a-rithist a bheil thu ag iarraidh neach-lagha a bhith an làthair airson agallamh fiù 's ma tha thu air bruidhinn riutha air a' fòn mar-thà.





## Ag innse do chuideigin eile gu bheil thu ann an stèisean a' phoilis



Tha a' chòir agad innse do chuideigin gu bheil thu aig stèisean a' phoilis.

Faighnichidh am poileas cò dha a bu chòir dhaibh innse.



Dh'fhaodte gur e ball den teaghlach a bhios ann, no do chompanach, do neach-cùraim, do charaid no cuideigin eile air a bheil thu eòlach.

Dh'fhaodte nach bi e ceadaichte dhut bruidhinn ris an duine seo.

**Ma tha thu fo 16 bliadhna a dh'aois no ma tha thu 16 no 17 bliadhna a dh'aois fo òrdugh stiùiridh riatanach:**



Feumaidh am poileas feuchainn ri innse dhan phàrant no neach-cùraim agad gu bheil thu aig stèisean a' phoilis.



Tha a' chòir agad gun tadhal do phàrant no neach-cùraim ort ann an stèisean a' phoilis.



Chan fhaod ach daoine a tha fo aois 18 tadhal fhaighinn.



Feumaidh neach-lagha a bhith còmhla riut nuair a bhios am poileas a' dèanamh agallamh còmhla riut mura h-eil **suidheachadh sònraichte ann.**

Mar eisimpleir, ma tha na poilis den bheachd gu bheil fiosrachadh cudromach agad a chuireadh stad air cuideigin a bhith air a ghoirteachadh dh'fhaodte gum feumadh iad ceistean fhaighneachd dhìot mus tigeadh an neach-lagha agad.

Ma tha thu 16 no 17 bliadhna a dh'aois agus fo òrdugh stiùiridh no òrdugh riatanach eadar-amail **CHAN FHAOD** thu diùltadh neach-lagha a bhith.

Fiù 's ann an suidheachaidhean air leth, tha cead agad cumail sàmhach.



## Dè thachras ma thèid casaid a chur ort no ma thèid do thoirt do stèisean a' phoilis mar thoradh air barantas?



Ma thèid **casaid** a chur ort, dh'fhaodte gum bi cead agad falbh no dh'fhaodadh gum feum thu fuireach ann an cealla poilis agus a dhol dhan chùirt air an ath latha a bhios comasach.



Ma thèid do chur fo chasaid bidh na poilis airson na leanas fhaighinn bhuat:

- **do lorgan-meòir**



- **sampall DNA** (suathaidh iad gu socair taobh a-staigh do bheul le bud cotain)



- **an dealbh agad**



Ma chaidh do thoirt a-steach dhan stèisean poilis air **barantas**, dh'fhaodte gum bi agad ri fuireach ann an cealla poilis agus a dhol dhan chùirt air an ath latha a bhios comasach.

**Dè cho fad 's urrainn dhut a bhith air do chumail ann an stèisean a' phoilis?**



Is urrainn dhan phoileas do chumail an greim airson suas ri **12 uairean a thìde** gun a bhith a' togail casaid eucoireach nad aghaidh.




Bidh na poilis a' tabhann biadh dhut aig amannan bìdh ma tha thu air do chumail fad barrachd air 4 uairean a thìde.

Ma tha biadh sam bith ann nach urrainn dhut ithe, innis do na poilis cho luath 's a ghabhas.



Ma tha am pathadh ort iarr air na poilis uisge a thoirt dhut.

Faodaidh na poilis do chumail an greim suas ri **24 uairean a thìde** ach dìreach ma dh'aontaicheas **Inspector Poilis ri seo** (no Àrd-inspector ma tha thu fo 18 bliadhna a dh'aois).



Tha a' chòir agad do bheachdan a thoirt seachad mun cho-dhùnadh seo, no faodaidh tu co-dhùnadh gum bruidhinn an neach-lagha agad ris na poilis air do shon.



## A' faicinn dotair no nurs

Tha còir agad **dotair** no **nurs** fhaicinn ma tha thu tinn no air do ghoirteachadh.

Innis do na poilis ma thu airson dotair no nurs fhaicinn.

Tha e cudromach gun innis thu do na poilis ma tha suidheachadh meidigeach ort no ma tha thu a' gabhail cungaidh-leigheis.



Tha e cudromach cuideachd innse do na Poilis ma tha trioblaidean agad le drogaichean no deoch làidir no ma tha thu a' smaoinichadh air cron a dhèanamh ort fhèin.



**Seo gus an urrainn do na poilis coimhead às do dhèidh nuair a bhios tu ann an greim a' phoilis.**



## A' dèanamh gearan



Tha còir agad **gearan** a dhèanamh mun dòigh anns an deach do làimhseachadh leis na poilis.

Ma nì thu gearan an aghaidh Poileas Alba, cha toir seo droch bhuaidh air a' chùis agad.

Faodaidh tu gearan a dhèanamh nuair a tha thu an greim.

Ma tha thu airson gearan a dhèanamh nuair a tha thu ann an greim, can gu bheil thu airson bruidhinn ri inspector no cuideigin aig ìre nas àirde.



Ma tha thu airson gearan a thogail às dèidh dhut a bhith air do shaoradh, faodaidh tu a dhol gu stèisean poilis sam bith.

Ma chaidh do ghoirteachadh no do leòn le oifigear poilis nuair a chaidh do chur an greim no nuair a bha thu fo ghreim a' phoilis bu chòir dhut gearan a dhèanamh gu Roinn Inbhean Proifeasanta Poileas Alba.



Gus gearan a dhèanamh cuir fòn gu 101 no rach chun an stèisein poilis ionadail agad.

Faodaidh tu iarraidh air cuideigin eile gearan a dhèanamh air do shon cuideachd. Dh'fhaodte gur e pàrant, caraid, companach no cuideigin anns a bheil thu a' cur earbsa a bhios ann

Feumaidh tu do chead sgrìobhte a thoirt dhaibh.



**Air a dhèanamh às leth**

**Lionra SOLD**

**le**

**People First (Alba)**


**77-79 Easter Road,**

**Dùn Èideann,**

**EH7 5PW**

**0131 478 7707**

Companaidh earranta le barantas  
Àir. 173180 agus Carthannais  
Albannach Clàraichte, Àir. SC  
026039



**People First  
(Scotland)**



**POLICE  
SCOTLAND**

Keeping people safe

---

**POILEAS ALBA**